

## Bòrd MG ALBA

10 agus 11/3/21

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Ailean Dòmhnallach (sa Chathair); Marion Nic na Ceàrdaich; Donaidh MacAmhlaidh  
Ceit Anna NicLeòid, Iain Stephen Moireasdan, Iain Mac a' Mhaoilein, Lisa Annette,  
Rhoda NicDhòmhnaill, Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
Iseabail Nic an t-Sagairt [IMT] (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)  
Nevil Lee [NL] (Stiùiriche Ionmhais Eadar-amail)  
Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)  
Ealasaid Dhòmhnallach [ED] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)  
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)  
Katie NicLeòid (a' dèanamh eadar-theangachadh airson an Stiùiriche Ionmhais  
Eadar-amail)  
Maggie Taylor [MT] (Manaidsear a' Chlàir, MG ALBA) - airson taisbeanadh

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach [MM] (Ceannard Seirbheis BBC ALBA) – airson puing 15

Fhuair buill taisbeanadh bho Mhanaidsear a' Chlàir aig MG ALBA. Thug i àrd-shealladh air an obair a tha an lùib a bhith ag ullachadh chlàran BBC ALBA a thuilleadh air a bhith a' coimhead às dèidh an iPlayer. Thug am bòrd taing dhith airson an taisbeanadh.

### **1. Leisgeulan**

1.1 Cha robh gin.

### **2. Gnothach dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

### **3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh**

a) 24/11/20 – aontaichte.

- b) 4/2/21 – aontaichte.
- c) Gnothaichean ag èirigh – comharraichte.
- 3.1 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.
- 3.2 **Gnìomhan:** 1) thèid ùrachadh a dheanamh air an *Sgeama Tiomnachaidh (Scheme of Delegation)*; 2) thèid obair a dhèanamh air *Poileasaidhean dhaonna agus 3) thèid seisean a chuir air dòigh a thaobh Seanail Neo-eisimileach ron ath choinneamh bùird. (MAMI)*
  
- 4. **Aithisg an Àrd-Oifigeir agus Sgioba Àrd-stiùiridh (a' gabhail a-steach aithisean ràitheil)**
- 4.1 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 4.2 Chaidh deasbad a chumail air ro-innleachd nam meadhanan sòisealta mar inneal airson a bhith a' cur taic ri stuthan loidhneach air a neo a bhith a' cruthachadh stuthan a dh'aona ghnothaich.
- 4.3 **Gnìomhan:** 1) gheibh buill an tuilleadh fiosrachaidh mu SpeakGaelic aig coinneamh san àm ri teachd; 2) gheibh buill fios nuair a bhios e ri fhaighinn a thaobh an adhartais le rannsachadh an luchd-amhairc nàiseanta. (IMT)
  
- 5. **Comataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean**
- 5.1 Bha dreach geàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air 26/2/21 agus Plana-obrachaidh na Comataidh airson 2021/22 air beulaibh bhall agus bhruidhinn Cathraiche na Comataidh mun deidhinn.
- 5.2 Cha robh molaidhean sam bith ann airson a' chairteil seo airson a' bhùird.
- 5.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
  
- 6. **Comataidh nan Cathraichean**
- 6.1 Bha dreach geàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air 2/2/21 23/2/21 agus Plana-obrachaidh na Comataidh airson 2021/22 air beulaibh bhall agus bhruidhinn Cathraiche na Comataidh mun deidhinn.
- 6.2 Cha robh molaidhean sam bith ann airson a' chairteil seo agus a' bhùird.
- 6.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 6.4 **Gnìomhan:** 1) le Cathraiche Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' fàgail a' bhùird sa Ghiblean 2022, thèid coimhead ri planadh leantainneach; agus 2) thèid pròiseas fastaidh airson Stiùiriche Ionmhais a thòiseachadh sna mìosan air thoiseachd. (DC)

## **7. Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

- 7.1 Bha dreach gearr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air 24/2/21 air beulaibh bhall agus bhruidhinn Cathraiche na Comataidh mun deidhinn.
- 7.2 Cha robh molaidhean sam bith ann airson a' chairteil seo airson a' bhùird ach chaidh innse gum biodh poileasaidhean a' tighinn air ais chun Chomataidh agus an uair sin air adhart chun bhùird airson aonta.
- 7.3 Chaidh iomradh a thoirt air a' choinneamh leis an neach-sgrùdaidh bho Saffrey Champness.
- 7.4 Chaidh innse gum bi aithisg a' dol chun ath choinneamh den bhòrd a' moladh ath-shuideachadh a dheanamh air Saffrey Champness mar luchd-sgrùdaidh.
- 7.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.
- 7.6 **Gnìomhan:** thig pàipear chun bhùird a thaobh sìneadh chùmhnaidh Saffrey Champness airson dà bhliadhna. (NL)

## **8. Clàr Riosgan**

- 8.1 Bha pàipear agus clàr nan riosgan air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mu dheidhinn.
- 8.2 Chaidh a chomharrachadh gu bheileas a' coimhead ri gnothaichean Ro-uallach (Stress) mar phrìomhachas.
- 8.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

## **9. Covid-19: aithisg agus planadh an t-slighe a-mach**

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mu dheidhinn.
- 9.2 **Co-dhùnadh:** comharraichte agus chaidh taing a' bhùird a thoirt seachad airson an obair mhath a tha a' gabhail àite.

## **10. Lèirsinn 2026**

- 10.1 Bha pàipear agus an tagradh a chaidh a-steach gu DCMS, sa bheil prìomh phrionnsabalan Lèirsinn nam bunait, air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 10.2 Bha buill toilichte le tagradh DCMS a bha na chùis ghnòthaich (business case) agus aontaichte gu robh an t-àm ann a-nis an Lèirsinn ullachadh agus a chuir air bhog.
- 10.3 **Co-dhùnadh:** aontaichte gun tigeadh an Lèirsinn dheireannach chun bhùird aig coinneamh an Ògmhios, a' togail air nithean ann an aithisg DCMS agus a' gabhail a-steach buaidh eaconamach agus fhoillseachadh aig an àm ris an Aithisg Bhliadhnail.
- 10.4 **Gnìomhan:** 1) thig an tionndadh deireannach air beulaibh a' bhùird san Ògmhios. (EMD)

## 11. Plana Corporra 2021-2024

- 11.1 Bha pàipear agus dreach Phlana air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 11.2 Dh'aontaich a' Chomataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean air 15/1/21 moladh a thoirt don bhùird gu lean maoineachadh dràma aig ìre £1m pa, agus gu sònraichte gun comharraich MG ALBA £3.2m thairis air 3 bliadhna airson dràma airson BBC ALBA; 2021-22 £1.1m 2022-23 £1.05m 2023-24 £1.05m agus gun deigheadh seo a shealltainn agus a gabhail ris gu foirmeil anns a' Phlana Obrachaidh 2021-22 agus anns a' Phlana Corporra 2021-22 gu 2023-24. Bha am Bòrd aontaichte leis a' mholadh seo.
- 11.3 **Co-dhùnadh:** dh'aontaich am Bòrd ris a' Phlana Chorporra, a' gabhail a-steach plana shusbaint 3 bliadhna mar a chaidh a dheasbad le Comataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean.
- 11.4 **Gnìomhan:** 1) thèid Frèama-dèanadais fhad-ùine a chuir mar ghnòthach gnàthach aig gach coinneamh bùird airson adhartas a thomhas. (MAMI)

## 12. Plana Obrachaidh 2021/22

- 12.1 Bha pàipear agus dreach Plana Obrachaidh 2021-22 air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 12.2 Chaidh a chomharrachadh gu bheil cosgais susbaint airson 2021-22 a' gabhail a-steach £853k a chaidh a thoirt air adhart bho 2020-21 a thaobh Dràma, Clann agus Aithriseach a chaidh an cuir dheth ri linn Covid.
- 12.3 Chaidh a chomharrachadh (a thèid a dheasbad fo phuig 15) nach eileas a' moladh a dhol air adhart le Dibhearsain Aotrom mar phasgan.
- 12.4 Chaidh a chomharrachadh cho beag maoin 's a bha air a chuir mu choinneimh margaidheachd sa Phlana agus chaidh aithneachadh gu robh a' chuspair airidh an tuilleadh deasbaid.
- 12.5 Chaidh co-dhùnadh a chuir dheth gus am puig 15 aontaichte.
- 12.6 **Co-dhùnadh:** 1) an dèidh deasbaid fo phuig 15 (Pasgan), chaidh am Plana aontachadh; 2) chaidh aontachadh gu lean am buidheann poileasaidh thurastail Riaghaltas na h-Alba; 3) chaidh am Plana Obrachaidh 2021/22 aontachadh.
- 12.7 **Gnìomhan:** 1) thèid aithisg gu Comataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean gus barrachd tuigse a cho-roinn air ro-innleachd agus margaidheachd didseatach. (IMT)

### 13. Cùmhnantan airson aire a' Bhùird

Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh ùghdarras a' bhùird fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2, far a bheil e glèidhte don Bhòrd cosgaisean phrògraman seachad air £100k san uair a cheadachadh gus an urrain an dràma An Clò Mòr a choimiseanadh aig cosgais [fios glèidhte].

13.1 **Co-dhùnadh:** chaidh seo ùghdarrachadh.

### 14. Tomhas-ama mheasaidhean ghnèithean phrògraman

14.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh clachan-mìle co-cheangailte ri susbaint, agus ri linn iad sin, na cothroman as fheàrr dhan bhuidheann a bhith a' measadh mar a thathas a' cosg maoin na buidhne a rèir ro-innleachdan airson luchd-coimhid.

14.2 Chaidh deasbad a chumail mu fhianais airson an luchd-coimhid nàiseanta agus Gàidhlig a thaobh gnèithean.

14.3 **Co-dhùnadh:** coimheadaidh Comataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean air Ro-innleachd Shusbaint thar 2021 agus nithear moladh mu phrìomhachasan susbaint agus cinn naidheachd maoin a thaobh gnèithean chun Bhùird aig coinneamh na Samhna 2021.

### 15. Pasgan

15.1 Bha pàipear air beulaibh bhall airson deasbad gus comhairle a thoirt dhan Chathraiche ann a bhith a' measadh ùghdarras a thoirt seachad airson geallaidhean ùra ionmhasail (cùmhnantan solar ioma-bhliadhnail, 'Pasgan') oir a rèir riaghailtean ionmhasail na buidhne feumaidh an Cathraiche an ùghdarras fhèin a chuir ri ùghdarras nan oifigear, nuair a cùmhnantan seachad air £500k. Am measg nam pàipearan bha aithrisean bhon Stiùiriche Ioma-Ùrlair, an Stiùiriche Ionmhais agus an t-Àrd-Oifigear a' dèanamh anailis air na cùmhnantan bho sheadh Editorial, Ionmhais agus Riosg.

15.2 Chaidh deasbad a chumail a thaobh seasmhachd na roinne solair. Chaidh innse gu bheil innealan aig a' bhuidheann, leithid sgrùdaidhean, aithisgean cosgaisean agus adhartais gus sùil gheur a chumail air gnothaichean agus cofhurtachd a thoirt gu bheil cùisean mar bu chòir.

15.3 **Co-dhùnadh:** 1) leanaidh sgrùdadh air na companaidhean; 2) thug buill comhairle dhan Cathraiche ann a bhith a' measadh ùghdarras a thoirt seachad agus 3) chaidh aonta a thoirt don Phlana Obrachaidh fo phuig 12 ann an co-theacsa nam Pasgan.

15.4 **Gnìomhan:** 1) thèid ùghdarras a' Chathraiche a chuir ri ùghdarras nan oifigearan. (DMD)

## **16. Plana luchd-ùidhe**

16.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt seachad ùrachadh air a' chonaltradh a chaidh a dhèanamh le prìomh luchd-ùidh agus a' toirt sùil air adhart chun ath cheathramh, a' comharrachadh prìomh fòcas conaltraidh, agus aig an aon àm a' cumail rabhadh mu chothroman.

16.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

## **17. Obair a' Bhùird**

17.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gu bheil measaidhean bliadhnail air tachairt agus thathas ag ullachadh Meatraigs Sgilean agus a sheallas càite bheil neart a' Bhùird agus càite bheil feum air trèanadh is sgilean.

17.2 **Gnìomhan**: 1) tarraingidh an Cathraiche ri chèile toraidhean na measaidhean a rinn buill agus thèid sin a chuir an cèill am Meatraigs Sgilean; 2) leanaidh obair SurveyMonkey an dèidh gach coinneamh; 3) thèid pìos obrach a ghabhail os làimh leasachadh a dhèanamh air an daimh eadar Oifigearan agus Buill; 4) thèid buidheann a chuir ri chèile le oifigearan agus ball no dhà gus ùrachadh agus neartachadh a dhèanamh air pàipearan bùird airson na h-ath choinneamh. [\(DC/MAMI\)](#)

## **18. Co-chomhairle Ofcom**

18.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gu bheil Ofcom a' cumail co-chomhairle air dà chuspair chudromach: 1) Small Screen: Big Debate – The Future of PSB agus 2) an dàimh eadar craoladh agus riochdachadh neo-eisimeileach, gu h-àraid taobh a-muigh Lunnainn, le freagairt MG ALBA a' dol a-steach air 16/3/21.

18.2 **Co-dhùnadh**: thèid am freagairt a chrìochnachadh agus a chuir a-steach gu Ofcom. [\(IMT\)](#)

## **19. GISBE**

19.1 Thèid "Scenario planning" a dheasachadh airson an ath choinneamh bhùird, stèidhichte air maoin na buidhne a' fuireach mar a tha agus a' dol am meud. [\(DC\)](#)

## **20. Deit na h-ath choinneimh – 15 agus 16/6/21**

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: